



beatha
le
buaidh

ANNUAL

2013

ANNUAL

2

Anne Frank

2013

2013

Anne Frank

**beatha le
buidh**





beatha le buaidh

A
N
E
L
R
A
N
K



Air fhoillseachadh ann an 2007 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2007.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © ?.

Na dealbhan le ?.

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clà-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 978-1-904730-69-9

ANNE FRANK

Anne Frank

Ged nach robh Anne Frank ach 16 bliadhna a dh'aois nuair a chaochail i, dh'fhàg i buaidh mhòr air an t-saoghal le a cuid sgrìobhaidhean na leabhar-latha. Sgrìobh i leabhar-latha fad còrr air dà bhliadhna nuair a bha i fhèin agus a teaghlach air falach bho na feachdan Nàtsach ann an Amsterdam. Chaidh an leabhar-latha sin fhoillseachadh an dèidh a bàis agus thug e sealladh dhan t-saoghal air cò ris a bha e coltach a bhith fo eagal do bheatha fad dà bhliadhna. Chaochail Anne Frank ann an campa-cogaidh ann an 1945.

4

ANNE FRANK



ANNE FRANK



ANNE FRANK

A' Ghearmailt


B ann anns a' Ghearmailt a rugadh agus a thogadh Annelies Marie Frank. 'S e Iudhaich a bha anns an teaghlach aice. Ach b' fheudar dhaibh a' Ghearmailt fhàgail nuair a thàinig an fheadhainn a bha taiceil do dh'Adolf Hitler gu cumhachd ann am Frankfurt far an robh iad a' fuireach. Cha robh Anne ach 4 bliadhna a dh'aois nuair a dh'fhàg an teaghlach A' Ghearmailt agus a chaidh iad gus beatha ùr a dhèanamh dhaibh fhèin anns An Òlaind. Fhuair Otto Frank, athair Anne, obair ann am factaraidh. B' e làithean gu math toilichte a bha sin dhan teaghlach ged a bha eagal orra an-còmhnaidh gum faigheadh na Nàtsaich cumhachd ann an Amsterdam cuideachd agus gum biodh iad olc ris na h-Iudhaich.

ANNE FRANK

Anne agus Margot

Se Margot an t-ainm a bha air piuthar Anne. Bha Margot 3 bliadhna na bu shine na Anne ach ged a bha iad measail air a chèile bha iad gu math eadar-dhealaichte. Bha Margot diùid agus socharach agus bha i math air matamataig. 'S e nighean spòrsail a bhiodh daonnan a' cluich a bha ann an Anne. Bha i math air leughadh agus air sgrìobhadh agus nuair a gheibheadh i ùine bhiodh i a' sgrìobhadh. Cha leigeadh i le duine na bha i a' sgrìobhadh fhaicinn agus bhiodh i a' cumail a cuid sgrìobhainnean am falach air a h-uile duine.

ANNE FRANK



ANNE

FRANK

... een foto, zoals
... me zou wensen,
... tijd zo te zijn.
... dan had ik nog wel
... en kans om naar
... hollywood te komen.

Anne Frank.
10 Oct. 1942



... een onder ...

ANNE FRANK




12

ANNE FRANK

Na Nàtsaich

Anns a' Chèitean 1940, fhuair riaghaltas Nàtsach na Gearmailt buaidh air An Òlaind. Thòisich gnothaichean ag atharrachadh dha na h-Iudhaich a bha a' fuireach san Òlaind. Chaidh laghan a dhèanamh a bha a' ciallachadh gum feumadh na h-Iudhaich innse càite an robh iad a' fuireach agus càite an robh iad a' dol. Chan fhaodadh clann Iudhach a dhol gu sgoiltean àbhaisteach agus chan fhaodadh iad cluich còmhla ri clann nach robh nan Iudhaich. Dh'fheumadh a h-uile Iudhach rionnag bhuidhe a chur orra gus am faiceadh a h-uile duine gur e Iudhaich a bha annta.

13



ANNE FRANK

A' dol am falach

Anns an Iuchar 1942, fhuair Margot Frank litir ag iarraidh oirre gluasad gu campa-obrach còmhla ri Iudhaich eile. Cha robh an teaghlach ag iarraidh seo oir bha iad uabhasach cunnartach agus bhiodh mòran a rachadh annta a' bàsachadh. Chuir an teaghlach romhpa gun rachadh iad am falach anns an taigh aca. Bha iad a' fuireach ann an taigh gu math mòr agus bha pìos dìomhar a-mach air a chùl far am b' urrainn dhaibh falach. Cha do dh'inns iad ach dhaibhsan anns an robh làn earbsa aca. Dh'fhàg iad an taigh aca mar gum b' e teicheadh a rinn iad gus am biodh na feachdan Gearmailteach a' smaointinn gun do dh'fhàg iad an taigh buileach glan.

14

ANNE FRANK



15

ANNE FRANK



ANNE FRANK

Leabhar-latha

Fhuair Anne Frank leabhar-latha bho a h-athair airson a co-là-breith nuair a bha i 13 bliadhna a dh'aois. Thòisich i air sgrìobhadh ann cho luath agus a fhuair i e. Dh'inns i cò ris a bha an teaghlach aice coltach. Thug i iomradh air mar a dh'atharraich cùisean an dèidh dha na Nàtsaich smachd fhaighinn air an dùthaich. Dh'inns i gu mionaideach cò ris a bha a beatha coltach. Cha robh Anne airson gun leughadh duine eile na bha i air a sgrìobhadh gus an cuala i aithris air an rèidio aon latha. Bha prògram rèidio ag iarraidh chunntasan pearsanta dhen chogadh a dheidheadh a chlàradh nuair a bha an cogadh seachad. Thòisich i air na sgrìobh i a dheasachadh gus am b' urrainn dhi na sgrìobh i a chur chun an rèidio.

Campa-cogaidh

Air an 4mh dhen Lunastal 1944, fhuair na feachdan Nàtsach fiosrachadh gun robh daoine a' fuireach ann an seòmraichean dìomhar anns an taigh. Chaidh an teaghlach Frank a chur gu ruige campa-cogaidh Belsen-Bergen còmhla ri mìltean de dh'Iudhaich eile. Bha gnothaichean uabhasach an sin. Chaidh feadhainn a bha fo aois 15 a chur gu bàs ann an seòmraichean gas. Chaidh na boireannaich a sgaradh bho na fir, chaidh am falt a ghearradh dhiubh, chaidh rionnag a chlàradh air an craiceann agus bha aca ri obair mar sgalagan. Bhuail am fiabhras dubh ('s e sin *typhus*) an campa agus leis mar a bha mòran a bha ann lag, chaochail mòran dhiubh leis an tinneas. Chaochail Anne Frank agus a piuthar seachdain no dhà mus deach an campa a shaoradh le feachdan Breatannach. Bha am màthair air bàsachadh beagan mhìosan romhpa anns an aon champa.

An dèidh a' chogaidh

An dèidh a' chogaidh, thill a h-athair chun an taighe far an robh iad am falach ann an Amsterdam. Lorg e an leabhar-latha aig Anne agus cha b' urrainn dha a chreidsinn cho mionaideach 's a bha i air a bhith na leabhar-latha. Shaoil e gure cunntas air leth cudromach a bha ann agus dheasaich e agus dh'fhoillsich e an leabhar-latha aice. Chaidh an leabhar-latha eadar-theangachadh gu iomadh cànan agus tha milleanan air an leabhar-latha aice a leughadh. Chaidh Stòras Anne Frank agus taigh-tasgaidh a stèidheachadh gus cuimhne a chumail oirre agus air na milleanan de dh'Iudhaich agus de dhaoine eile a bhàsaich air sgàth riaghaltas uabhasach nan Nàtsach. Tha na sgrìobh nighean òg mu olc a' chogaidh air buaidh fhàgail air daoine fad is farsaing.

ANNE FRANK

Cò i?

Latha Breith

12/06/1929



Cò às a bha i?

A' Ghearmailt

Càite an robh i a' fuireach?

Amsterdam, An Òlaind

Chaidh i am falach còmhla ri a teaghlach bho na feachdan Nàtsach

Dè na campan-cogaidh don deach i?

Auschwitz agus an uair sin
Belsen-Bergen

A teaghlach?

Bhàsaich a màthair agus a piuthar agus i fhèin anns a' champa-chogaidh

An dèidh a' chogaidh?

Phòs a h-athair màthair Eva Schloss

Dileab?

Tha an leabhar-latha a chaidh a leughadh le milleanan a' cumail cruadal a' chogaidh an cuimhne dhaoine